



A' cruinneachadh fosailean san Eilean Sgitheanach?

Tha cliù mòr aig an Eilean Sgitheanach leis na th' ann de dh'fiosailean às an linn Dhiùrasach. Gus na fosailean seo a dhìon, tha cuid dhe na h-àiteachan fo dhìon mar Ionadan de Shuim Shònraichte Shaidheansail. A bharrachd air sin, tha Òrdugh Glèidhteachais Nàdair (NCO) a' dìon fosailean druim-altachain, a' gabhail a-staigh fuigheall dhènasaran agus mhamalan.

Mus tog thu fosail sam bith, faic:

- Càit a bheil cuingeachadh air cruinneachadh.
- Dè na tha toirmisgte agus ceadichte fon NCO.
- Còd Fosailean na h-Alba.



NatureScot
NàdarAlba

Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba

Tuilleadh fiosrachaidh aig
www.nature.scot/Skyefossil

Dìonamaid Dualchas fosailean an Eilein Sgitheanaich

Tha pàirt chudromach aig luchd-cruinneachaidh fiosailean, luchd-tadhail agus a' phoball san fharsaingeachd san Eilean Sgitheanach ann an dìon fosailean an eilein:

- Ma thachras tu air dad a dh'fhaodadh a bhith na fhosail ainneamh is shònraichte, a' gabhail a-staigh fuigheall no lorg druim-altachain, na dèan cron air is tu a' feuchainn ri thoirt às is air falbh. Ge be dè cho cùramach 's a bhios tu, tha teans ann gun cail sinn fiosrachadh cudromach agus dh'fhaodadh gur e briseadh an lagha a bhios ann.
- Clàraich druim-altachan ainneamh is annasach sam bith, fiù mur eil thu cinnteach an e druim-altachan a th' ann, is dèan aithris air ach an tig sàr-eòlaiche ga thogail.
- Ma tha thu am beachd gu bheil cuideigin a' briseadh nan riaghailtean a thaobh dualchas fosailean an Eilein Sgitheanaich is iad cudromach aig ìre eadar-nàiseanta, cuir fòn gu Poileas Alba air 101.

Lorgan coise dìneasair Diùrasaich, An Corran, An t-Eilean Sgitheanach © The Hunterian



NatureScot
NàdarAlba

Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba

Tuilleadh fiosrachaidh aig
www.nature.scot/Skyefossil